# Dualchas, Atharrachadh na Gnàth-shìde is Biadh tro Ghàidhlig

## Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh

Aig Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, tha gnìomh airson na gnàth-shìde, dualchas agus foghlam bìdh ceangailte tro chànan is cultar nan Gàidheal. Tron Phlana-ghnìomha Èiceo-Sgoiltean aca, tha sgoilearan a' rannsachadh mar a tha a' Ghàidhlig gan cuideachadh gus tuigse nas fheàrr air an àrainneachd a leasachadh.

Tha an Èiceo-chomataidh a' toirt a-steach sgoilearan bho air feadh na sgoile agus a' brosnachadh coimhearsnachd na sgoile nas fharsainge gus beachdan a thoirt seachad agus gnìomh a ghabhail, uile tro mheadhan na Gàidhlig. Mar phàirt den obair aca air gnàth-shìde, tha na sgoilearan a' cumail sùil air cleachdadh lùtha na sgoile agus a' dèanamh suirbhidhean air fiadh-bheatha agus sgudal gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air buaidh nan roghainnean aca. Tha iad cuideachd a' cruthachadh àitichean a tha càirdeil don fhiadh-bheatha taobh a-staigh làrach na sgoile agus ag ionnsachadh barrachd mun bhith-iomadachd ionadail.

Tha dualchas na Gàidhlig na phrìomh phàirt de dh'obair na sgoile. Tha sgoilearan a' rannsachadh ainmean-àite ionadail, a' cruthachadh mhapaichean Gàidhlig agus a' gabhail pàirt ann an cuairtean-coille a tha a' cur ri an tuigse air cànan agus cruth-tìre. Cuidichidh planaichean airson Gàrradh Dualchais le bhith a' neartachadh tuigse air dòighean-beatha traidiseanta agus cruthaichidh iad cothroman airson ionnsachadh a-muigh ann an co-theacsa Gàidhlig.

Tha iad cuideachd a' cur fòcas air biadh fallain. Tha na sgoilearan a' leasachadh àiteachan-fàis, ag ionnsachadh mar a thèid biadh a thoirt gu buil bho shìol gu buain, agus a' faighinn barrachd eòlais air biadh ionadail is ràitheil tro bhith a' cleachdadh briathrachas na Gàidhlig. Mar thoradh air na gnìomhan fàis seo, tha iad a' togail sgilean practaigeach agus aig an aon àm a' leasachadh tuigse air roghainnean bìdh a tha fallain agus seasmhach.

Le bhith a' cur cànan is cultar nan Gàidheal aig cridhe gnìomh àrainneachdail, tha Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh a' cuideachadh sgoilearan gus ceanglaichean làidir a thogail ris an àrainneachd ionadail, an dualchas, a' choimhearsnachd agus an cultar aca, agus aig an aon àm a' leasachadh an eòlais agus nan sgilean a dh'fheumas iad airson àm ri teachd nas seasmhaiche don àrainneachd agus don chànan.

